




Forestry Commission Scotland
Coimisean na Coilltearachd Alba

Aithisg Bhlidhnail



Ath-bhreithneachadh na Bliadhna **10/11**

www.forestry.gov.uk/scotland



Liubhairt buanachdan fearann-coillteach

Tha coilltean nàiseanta na h-Alba am measg an fheadhainn as fheàrr a th' air an riaghladh san t-saoghal mar a tha Comhairle Stiùbhardachd Choilltean eadar-nàiseanta neo-eisimeileach (FSC) a' cur an cèill. Tha am barantas a' toirt dearbhadh dha luchd-cleachdaidh gu bheil am bathar againn – a leithid fiodh– a' tighinn bho choilltean seasmhach air an deagh riaghladh.

An dèidh an inbhe àrd seo a ruighinn, tha sinn air a bhith ag amas air tuilleadh a thoirt à fearann-coillteach, craobhan is coilltean na h-Alba gus raon farsaing de shochairlean sòisealta, àrainneachd is eaconamach a thoirt dha Alba.

Tha an Aithisg Bhliadhnail againn a rèir cuspairean Ro-innleachd Coille na h-Alba gus taghadh sgeulachdan fhoillseachadh a' sealltainn mar a tha craobhan, fiodh is fearann-coillteach air diofar a dhèanamh ann an 2010/11.

Tha craobhan a' dèanamh tòrr a bharrachd...

- Tha còrr air leth de dh'aireamh-sluagh na h-Alba a' fuireach taobh a-staigh dà mhìle de choille, agus mar sin, tha pàirt sìor fhàsail aig coilltean a tha fàisg air ceàrnaidhean còmhnaidheach ann an ath-nuadhachadh bhailtean agus a' neartachadh choimhearsnachdan.

- Tha sochairlean corporra is inntinneil a' tighinn bho bhith a' cur ùine seachad ann an coilltean, a bharrachd air cothrom a bhith a' faire air fiadh-bheatha agus ag ionnsachadh mu àrainneachd na coille.
- Tha coilltean nan àrainnean cudromach dha luibhean is beathaichean, nam measg gnèithean deatamach mar an capall-coille, an fheòrag ruadh agus an t-aiteann.
- Tha prìomh phàirt aig coilltean san t-strì an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde agus ann a bhith a' toirt taic dha leasachadh seasmhach.
- 'S e fiodh aon de na stuthan togail as aosta, as freagarraiche agus as seasmhaiche.
- Tha pàirt cudromach aig coilltearachd ann an leasachadh eaconamaidh na h-Alba – tha e a' toirt a-steach £670m gach bliadhna gu eaconamaidh na h-Alba tro fhiodh is turasachd, agus a' cur taic ri còrr is 31,000 obair, sna ceàrnaidhean dùthchail sa mhòr chuid.

susbaint

1	Liubhairt buanachdan fearann-coillteach	30-35	Bith-iomadachd
2-7	Atharrachadh Gnàth-shìde	38-45	Pròiseactan mu thimcheall Alba ann an coilltean, am fearann-coillteach agus air Oighreachd Nàiseanta na Coille
8-11	Fiodh	43	Ath-sgrùdadh an neach-cathrach
12-15	Leasachadh Gnothachais	44-45	Ath-sgrùdadh na bliadhna Stiùiriche Alba
16-21	Leasachadh Coimhearsnachd	46-47	Sàr-thachartasan Ionmhasail
22-25	Slighe gu Slàinte	48-49	Leas-phàipearan
26-29	Gnè Àrainneachdail		



Atharrachadh Gnàth-shìde

A' cur luach air obair chraobhan

Tha pàirt deatamach aig craobhan san t-strì an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde – bidh iad a' glacadh CO₂ agus ga chumail fo ghlais, mar gum biodh. Chì sinn leis a' bhloc beag fiodha seo na th' air a ghlacadh, le bhith ga choimeas ri gnìomhan sìmplidh dachaigheil.



Tha bloc fiodha 5cm x 5cm x 5cm a' glacadh nan sgaoilidhean a thig bho na leanas:



A' goil coire bhùrn de 1.4 liotair

An lùth a dh'fheumar airson 1g de bhùrn a theasachadh bho 15 gu 100°C = 355.77J.

=



A' ruith frids/ reothadair àbhaisteach ìre 'A' airson 3 uairean as thide

Bidh frids/reothadair ìre 'A' a' sgaoileadh = 219.14kg CO₂ ann am bliadhna.

=



A' dràibheadh moped/sgutair airson 1cm

Sgaoilidhean bho moped/sgutair (<125cc) mar as àbhaist = 72.9g CO₂/cm.



A' coimhead TBh 32" LCD airson nas lugha na uair a thide

Tha TBh LCD san àbhaist, leis a' 'chumhachd air' a' caitheamh = 163W.

=



Router mòdaim le cumhachd airson 1 latha

Tha router mòdaim a' cleachdadh timcheall air 6W de chumhachd. 6W x 60 diog x 60 mionaid = 21600J/uair a thide.

=



A' cleachdadh solas-dìon halogain airson leth uair a thide

Tha ìre = 300W. aig solas-dìon halogain àbhaisteach.



Atharrachadh Gnàth-shìde

A' faighinn 'Fuel Good Factor'

Tha dachaighean is gnìomhachasan air feadh Alba gam brosnachadh gus connadh ceart no 'Fuel Good Factor' a chleachdadh agus brath a ghabhail air na sochairean gualain is ionmhasail a thig bho bhith a' losgadh connadh fiodha.

Chaidh làrach-lìn ùr, Usewoodfuel, a chur air bhog sa Ghearran 2011, anns a bheil stiùireadh ceum air cheum airson a dhèanamh furasta dha luchd-caitheimh is solarairchean comhairle ùraichte is stiùireadh fhaighinn air raon chuspairean is cheistean co-cheangailte ri connadh-fiodha.

A' cur fàilte air an làraich ùr thuirt, Roseanna Choineagain, Ministear na h-Àrainneachd is Atharrachadh Gnàth-shìde: "S e tasgadh fad-ùine a th' ann airson an àm ri teachd a bhith a' dol gu connadh-fiodha. Chan eil cur-a-steach siostam connadh-fiodha cho eagalach 's a thathas am beachd agus tha an làrach-lìn seo a' sealltainn cho furasta is sìmplidh 's a dh'fhaodas e a bhith. Tha i a' toirt seachad an fhiosrachaidh a dh'fheumas daoine fa leth is gnìomhachasan airson a thighinn gu co-dhùnadh fiosraichte."


www.usewoodfuel.co.uk



A' dearbhadh còd gualain na coille

Chaidh measadh a dhèanamh air ceithir pròiseactan gualan coille ann an Alba mar phàirt de ìre dearbhaidh Còd Gualain na Coille. Tha dà bhuidheann duaiseachaidh air a bhith gabhail os làimh prògram teisteanachaidh cuideachd le Seirbheis Teisteanachaidh na RA gus faighinn gu ìre airson pròiseactan neo-eisimeileach a dhearbhadh. Tha an Còd agus a mhodh-obrachaidh a' dearbhadh inbheachd, ag amas air misneachd margaidheachd ann an glacadh gualan coille a mheudachadh mar phàirt de na dòighean airson taic a chur ri leudachadh coillteachd ann an Alba. Thathas an dùil gum faigh a' chiad sgeamaichean teisteanachadh san t-samhradh 2011.

www.forestry.gov.uk/carboncode



A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- àrdachadh a dhèanamh air stiùireadh ùr Inbhe Choilltearachd na RA mu 'Coilltean is Atharrachadh Gnàth-shìde;
- stiùireadh eadar-ama a thabhann dha luchd-cleachdaidh air a bhith a' dealbhadh 'coilltean teachdail' seasmhach;
- a' sgrùdadh is a' cumail sùil air falbhachadh choilltean; agus
- a' toirt taic dha buileachadh Brosnachadh Teas Ath-nuadhachail agus gnìomhan eile co-cheangailte ri coilltearachd, a chomharraich Buidheann Brosnachaidh Teas Ath-nuadhachail an Riaghaltais.

Faodaidh coille inbheach a bhith a' riochdachadh mu 1,000 tunna de shamhail CO₂ anns gach heactair – farsaingeachd coltach ri meud 2.25 raon ball-coise.

Lasachadh atharrachadh gnàth-shìde air Oighreachd na Coille Nàiseanta

A' cruthachadh lùth ann an coilltean

Thathas air grunn bhlocaichean coille sna Crìochan agus ann am Meadhan na h-Alba a chomharrachadh mar roghainnean airson pròiseactan cumhachd gaoithe a leasachadh.

Ag obair còmhla ri Com-pàirteachasan airson Ath-nuadhachadh (PFR), thathas a' toirt na làraichean sin air adhart an-dràsta tron obair leasachaidh gus an tèid tagraidhean dealbhachaidh a chur a-steach.

Thathas air com-pàirtichean leasachaidh eile a thaghadh – tro obair bharganachaidh mhalairteach – gus leasachaidhean gaoithe a chomharrachadh is a thoirt air adhart thairis air còig ceàrnaidhean de dh'Alba. Thathas an dòchas gun tèid mu 2GW de chomas gaoithe a chur a-steach gu Oighreachd Nàiseanta na Coilltearachd mu 2020.

Thathas air dà leasaiche a chur an dreuchd cuideachd airson sgeamaichean uisgeach aibhneachail a chomharrachadh is a leasachadh. Tha iad a' cur crìoch air an liosta làraichean a tha iad airson a thoirt air adhart tron obair leasachaidh. Gu lèir thathas an dòchas gun toir seo dha Coimisean na Coille ann an Alba (FCS) còrr air 50MW de chomas dealain uisgeach air an NFE ann an 2020.

Cuiridh an dà iomairt sin ri targaidean Lùth Ath-nuadhachail Riaghaltas na h-Alba airson co-ionannachd de 100% de iarrtasan lùtha na h-Alba fhèin a chruthachadh bho ghoireasan ath-nuadhachail ro 2020.

Gheibh coimhearsnachdan buannachd cuideachd bho na pròiseactan sin, le buidhnean ghìomhachail coimhearsnachd anns an nàbachtas leasachaidh a' faighinn sùim thùsail bhliadhnail agus cothrom airgead a chur a-steach dha na sgeamaichean.

www.forestry.gov.uk/forestry/renewableenergyscotland

Fearann coillteach ùr poblach dha Gleann Tuaidh

Cheannaich sinn pàirt de Thuath Siar Horsburgh mar phàirt de ar proðram ath-shuidheachaidh san t-Sultain 2010.

Tha am prògram seo a' cleachdadh maoin bho reic an fhearainn is nan coilltean as lugha a tha a' cur ri ar n-amasan, airson fearann fhaighinn agus coilltean ùra, bhon tig barrachd shocairean poblach, a chur.

Tha an sealbh ùr seo – a tha taobh a-staigh Gleann Tuaidh ri taobh Coille Glentress – ga chomharrachadh airson coille eisimpleireach a leasachadh dhan 21mh linn le raon farsaing de ghnèithean is àrainnean.

Bidh stèidheachadh coille ùr air an làraich na chuideachadh gus coinneachadh ri targaid Ro-innleachd Choillteach Crìochan na h-Alba (2005) a thaobh a bhith a' meudachadh còmhachd coillteach 30,000ha ann an 2050.

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- obrachadh le companaidhean lùtha ath-nuadhachail airson tuilleadh làraichean a chomharrachadh airson sgeamaichean gaoithe is uisgeach;
- co-dhiù 1000ha de choille ùr a chruthachadh; agus
- sgeama gabhailtais geàrr-ùine airson cruthachadh choilltean, a bharrachd air a' chiad sgeama dearbhaidh, a leasachadh dha tuathanaich mar dhòigh air a bhith a' brosnachadh aonadh chraobhan is fearann-coillteach a-steach a ghnìomhachas an tuathanaich agus airson barrachd cur coillteach a choileanadh.



Fiodh

A' fosgladh cothroman ùra margaidheachd

Dh'fhaodadh connadh-fiodha cur gu mòr ri teasachadh ath-nuadhachail ann an Alba, a rèir aithisg ùr a bharantaich Buidheann Gnìomha a' Chonnaidh Fhiodha (Màrt 2011)

Tha an aithisg a' sealltainn gu bheil, an-dràsta, timcheall air e 432,000 tonna tioram de ghoinnean fhiodha slàn ann, agus tha i a' cumail a-mach gun gabhadh seo a dhùblachadh aig a' char as lugha taobh a-staigh an ath dheich bliadhna. Nan deigheadh a chleachdadh airson teasachadh a-mhàin chuireadh seo gu mòr ri bhith a' coinneachadh targaid teasachaidh ath-nuadhachail 11% Riaghaltas na h-Alba.

www.forestry.gov.uk/woodfuelscotland

A' toirt na buannachd as fheàrr à fearann-coillteach thuathanasan

Bha sinn ag obair le Urras Oighreachd na h-Eaglaise Brice agus Comann Muilnean Sàbhaidh Fiodh-cruaidh na h-Alba airson tachartas, a' comharrachadh cothroman falaichte fearann-coillteach thuathanasan, a chur air chois. Dh'fhaodadh an goireas seo, nach eilear a' cur gu cus feuma, connadh a thabhann dha siostam teasachaidh biomass tuathanais; a bhith na bhunait de ghnìomhachas ùr a' cumail connadh-fiodha ri daoine eile; agus dh'fhaodadh e cuideachadh le bhith a' coinneachadh ris an iarrtas airson fiodh cruaidh bho ghnìomhachas beag fàsail muilnean-sàbhaidh.

www.usewoodfuel.co.uk/news-events/previous-event-presentations/farm-woodland-management-demonstration.aspx

A' cur taic ri còmh-dhail fhiodha

Tha Maoin Ro-innleachdail Còmh-dhail an Fhiodha a' maoineachadh Sgeama Còmh-dhail an Fhiodha (STTS) agus Timberlink. 'S e prìomh amas Timberlink còmh-dhail fhiodha a thoirt air falbh bho ròidean poblach agus tha e a' làimhseachadh còrr air 125,000 tunna sa bhliadhna— a' toirt air falbh mu 8,000 turas làraidh, no faisg air 1 millean mìle làraidh bho ròidean eadar Earra-Ghàidheal is Siorrachd Àir.

Am-bliadhna thug sinn taic dha pròiseactan luach £7.2m. Thathas an dùil, thairis air an ath 10 bliadhna, gun tèid 12.6 millean tunna de ghiùlan fhiodha obrachadh tro phròiseactan STTS.

www.forestry.gov.uk/stff
www.forestry.gov.uk/timberlink

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba airson barrachadh a dhèanamh air na tha connadh-fiodha a' cur ri targaid teasachaidh ath-nuadhachail;
- ro-mheasadh air toradh fiodh bog a dheasachadh, a' comharrachadh comas is inbheachd;
- maoin Ro-innleachdail Còmh-dhail an Fhiodha luach £3m airson 2011/12 a riaghladh; agus
- roinn an fhiodh chruaidh is an t-sàr fhiodh bhog a leasachadh le bhith ag obair ann an com-pàirt gus rannsachadh a dhèanamh air cothroman airson luchd-cleachdaidh fiodh cruaidh is sàr fhiodh bog a chuideachadh le obair cho-obrachail gus cosgaisean gnothaich a lùghdachadh taobh a-staigh cearcall na solarachd.



Tha fiodh an ìre mhath gun ghualan, leis a' chosgais CO₂ as lugha de stuthan togail malairteach. Le bhith a' cleachdadh barrachd fhiodha ann an togalaichean, faodar sgaoilidhean gualan dà-ocsaid co-cheangailte ri stuthan-togail a lùghdachadh 85%.

A' gearradh fiodh bho Oighreachd Nàiseanta na Coille

Soirbheachadh a' chidhe flodraich

Thathas a' cleachdadh cidhe flodrach airson obair an fhiodha ann an Ratharsaigh. Faodar am freagairt ùr-ghnàthasach seo – a chaidh a leasachadh le Seirbheisean JST – a chleachdadh far nach eil goireas puirt ann airson obair luchdachaidh, no far a bheil an solarachd fillte, agus a' ciallachadh gun cosg siostaman eile cus no gun toir iad ro fhada. Ghabh Iain Gòrdan is a Mhic ris an dùbhlán a bhith a' cleachdadh goireas a' chidhe flodraich airson fiodh bhon Eilean Sgitheanach a ghiùlain. Bha am planadh is an co-cheangal na fhìor dhùbhlán ach chaidh a choileanadh gu soirbheachail agus thathas air 1,000 tunna gach seachdain a thoirt bhon eilean gun mòran trioblaid.

Ag ath-nuadhachadh boglach thogte air talamh ìosal

Bha UPM Tilhill an sàs ann an toirt air falbh nan craobhan bho làrach ath-leasachaidh bhoglach thogte Mòinteach Fhlànrasaich ann an Sgìre choillteach Chòmhghall & Na Trosaichean. Thathas ag amas air a' bhoglach thogte ìosal aisig aig a' cheann thall gu mar a bha i bho thùs. Thathas air grunn shiostaman gearraidh fheuchainn bho thòisich an obair ach tha e an ìre mhath do-dhèante gearradairean 'le bruthadh ìosal talmhainn' agus adhartaichean a chumail 'air bhog' air an làraich. Tha am fuasgladh ùr-ghnàthach a tha a-nis an sàs a' ciallachadh gu bheil an dèidh an leagail le òrd-slabhraidh, a' togail suas nan craobhan gu brat coillteach agus gan ullachadh an sin mus tèid an cur air an rathad.

Duais dha drochaid bhrèagha fhiodha

Bhuannaich drochaid aig Colaist Newbattle a dhealbhaich is a thog innleadairean bho Coimisean na Coilltearachd àrd dhuaisean

aig an tachartas chliùiteach, Wood Awards, san t-Samhain 2010, a' faighinn duais san roinn, 'The Best Use of British Timber'. Bha an duais a' comharrachadh dealbhadh ùr-ghnàthach is sònraichte na drochaid. Tha an drochaid, a tha 14m, a' sealltainn cho iol-chomasach 's a tha fiodh a chaidh fhàs san dùthaich agus tha an structair de learag Albannach a' cleachdadh dòighean ùra, a' glaothadh is a' sgrìubhadh fiodh ri chèile – dòigh a dh'innlich an t-Innleadair Catharra againn fhìn, An t-Oll. Geoff Freedman.

Obraichean air prìomh rathad A82

Thòisich sinn air prìomh phrògram ann an Riaghladh Talamh Cas air Prìomh Rathad A82. A' toirt sreath de phròiseactan co-cheangailte ri chèile air Leagail air Talamh Cas, Seasmhachd Bruthaich agus Leagail, ruithidh am prògram airson suas ri 20 bliadhna le tasgadh de mu £16m ga chur ann; bidh e a' dèiligeadh ri cuid de na làraichean as doirbhe air an NFE. Tha bruthaichean le dlùth choillteachd air oirean an A82 tuath air Loch Nis agus deas gun Ghearastan agus thairis air. Tha mòran de na craobhan air na bruthaichean casa a-nise air inbheachd a ruighinn agus tha na planntachasan deiseil airson leagail. Bidh an leagail doirbh gu teicnigeach, air sgàth nàdar na talmhainn agus meud nan craobhan, agus tha fagasachd A82 ga dhèanamh nas doirbhe buileach. 'S e prògram dùbhlánach a bhios ann.


Àrdachadh dha fiodh a dh'fhàs san dùthaich

Seo an dara bliadhna ann an sreath sa bheil luach fiodh a dh'fhàs san dùthaich a' leantainn ag àrdachadh. Bha prìsean an fhiodha làidir agus daoine a' sireadh fiodh na dùthaich an àite fiodh a chaidh a thoirt a-steach.

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- 3.2m m³ de dh'fhiodh a thabhann airson reic;
- 120cm de shlighean còmhdhail fhiodha sa choille a thogail/leasachadh; agus
- margaidheachd a dhèanamh air cothroman ùra airson connadh-fiodha fhaighinn a-mach bho làraichean leagail sna coilltean a tha sinn a' riaghladh.



Leasachadh Gnothachais

A' dearbhadh lùth bho choilltean

Tha pàirt cudromach aig connadh fiodha ann an cruthachadh lùth ach 's iongantach gu bheil gu leòr ghoireasan ann a choinnicheas ris an iarrtas a thig san àm ri teachd. Tha feum air tuilleadh ghoireasan seasmhach airson am beàrn a lìonadh, agus tha a bhith a' fàs chraobhan sònraichte airson connadh-fiodha ann am Preasalach Geàrr Chuairteach comasach air coinneachadh ris an iarrtas. Gus ar cuideachadh ag ionnsachadh barrachd mu mar a dh'obraicheadh an dòigh seo ann an Alba, tha sinn a' cruthachadh sia deuchainnean lùth coille air oighreachd na coille nàiseanta airson faighinn a-mach an dòigh as fheàrr air craobhan a chur airson connadh-fiodha bhom faighear an toradh as eaconamaiche taobh a-staigh riaghladh seasmhach na coille. Tha sinn mu thràth a' faicinn tràth thoraidhean inntinneach a chuidicheas manaidsèaran fearainn leudachadh a-steach gu margaid a' chonnaidh-fhiodha.

www.forestry.gov.uk/energytrials

A' toirt Sgeama Teasachaidh bith-thomaid na h-Alba gu ceann

Thàinig Sgeama Teasachaidh bith-thomaid gu ceann am-bliadhna, an dèidh còrr air £2.6m a phàigheadh a-mach ann an tabhartasan dha 44 pròiseactan, a' lìbhrigeadh 10MWth de chomas teas ath-nuadhachail. Bidh tuilleadh taic ri fhaighinn bho Renewable Heat Incentive airson stàlaidhean connadh-fiodha ann an 2011.

www.decc.gov.uk

A' leasachadh sgilean coilltearachd

Cho-obrach sinn còmhla ri Wise Group airson trèanadh a thoirt dha 20 òigear bho meadhan na h-Alba. Bha na foghlamaich a' cleachdadh oighreachd na coille nàiseanta airson raon farsaing de sgilean ionnsachadh, a' gabhail a-steach togail is càradh fheansaichean, cur chraobhan agus cleachdadh inneal-cladhaich. Gheibh na foghlamaich ionnsachadh ann an

obair a tha seasmhach a thaobh na h-àrainneachd agus cuidichidh seo iad a' gabhail brath air cothroman airson obair sheusanaile agus làn-ùine.

A' stèidheachadh coilltean tuathanais

Chruthaich sinn duilleagan ùra air ar làraich-lìn gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh dòighean anns am faod coilltean tuathanais buannachd a thoirt gu gnìomhachasan tuathanais. Tha na duilleagan a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad mu mar a dh'fhaodas craobhan ceart sna h-àiteachan ceart a bhith math dha tuathanasan, le coilltean cuideachd a' tabhann mòran shochairnean, bho fasnadh dha stoc is bàrr, gu cur-seachadan is gnìomhan spòrs agus connadh-fiodha dhan tuathanas no a bhith a' dol a-steach gu margaid a' chonnaidh-fhiodha. Cuidichidh coilltean ùra tuathanasan le bhith a' gearradh ìrean de sgaoilidhean gualain agus cuiridh iad ri oidhirp na h-Alba an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde.

www.forestry.gov.uk/farmwoodlands

A' dol còmhla ris a' bhuidhinn, Quality Meat Scotland

Chaidh sinn ann an com-pàirt ri Quality Meat Scotland ann an iomairt ùr gus cuideachadh a thoirt dha tuathanaich stuic na h-Alba a' tuigsinn comasachd an cuid choilltean a thaobh an eaconamaidh is na h-àrainneachd. Chuir Colaiste Àiteachais na h-Alba ochd coinneamhan cuimsichte air dòigh airson sealltainn ri mar a dh'fhaodar sochairnean eaconamach choilltean a bharrachadh fhad 's a tha iad a' cumail àireamhan stuic air tuathanasan stuic na h-Alba. Bha raon farsaing nan cuspairean a' gabhail a-steach na leanas: ionaltradh is coilltean aonaichte; sochairnean bho fasnadh is feansadh; cruthachadh àrainnean; agus obair connadh-fiodha/fiodha.



A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- taic a thoirt dha Companaidh Coimhearsnachd nan 7stanes;
- leasachadh leantainneach air deuchainnean lùth choilltearachd na h-Alba air làraichean air feadh Alba agus a' sgaoileadh builean is toraidhean;
- ùrachadh a dhèanamh air figearan Buidheann Gnìomha a' Chonnaidh Fhiodha airson na tha ri fhaighinn de fhreumhag fhiodha an dèidh foillseachadh Production Forecast 2011; agus
- dearbhadh a dhèanamh air dà sgeama cosnaidh ann am meadhan na h-Alba.

Tha roinn na coilltearachd a' cur taic ri còrr air 31,000 obair agus a' cur £670m gach bliadhna ri eaconamaidh na h-Alba.

Leasachadh Gnothachais

Nuadh Sgeama Foghlainneachd

Tha sinn a' ruith raon de sgeamaichean foghlainneachd gus brosnachadh a thoirt dha luchd-obrach sgileil is sùbailte san àm ri teachd.

Tha sinn air a bhith a' cur taic ri foghlainneachdan coilltearachd airson còrr air còig bliadhna le trichead air teisteanasan foirmeil fhaighinn gu ruige seo. Bidh preantasan a' gabhail os làimh measgachadh de thrèanadh foirmeil, greisean gnìomhachais practaigeach, trèanadh neo-foirmeil air làrach a thuilleadh air a bhith a' sgrùdadh airson an teisteanas SVQ.

Chuir aon den luchd-obrach a bh' againn roimhe, Alasdair Coineagan crìoch air a nuadh foghlainneachd dà bhliadhna ann an craobhan is fiodh nuair a fhuair e cuireadh bho LANTRA an sgeama àrdachadh dha riochdairean gnìomhachais aig Fèill Rìoghail na Gàidhealtachd. Air beulaibh buidheann de 40 teachdaire, thug Alasdair cunntas air mar a thug an sgeama air adhart e bho bhith "a' faicinn coilltearachd a' tachairt mu thimcheall a dhachaigh agus ag iarraidh a dhol an sàs ann" gu bhith na eòlaiche leagail is na mhaor fiodha aig FCS.

A' leasachadh eòlas luchd-tadhail

Tha eòlas luchd-tadhail aig làraichean so-thomhais tron NFE a' leantainn a' leasachadh. Tha sinn a' gabhail pàirt ann am prògram diamhair dha luchd-tadhail, air a cho-riaghladh le is a cho-mheasadh a rèir riaghailtean Alba Aosmhor agus Urras Nàiseanta na h-Alba. Bidh sinn a' dèanamh deuchainnean ann an trì roinnean: ar n-Ionadan Tadhail; ar n-Ionadan Reic Chraobhan Nollaige; agus ar Tachartasan. Bidh sinn a' measadh caochladh thaobhan a tha fillte a-staigh san eòlas a gheibh luchd-tadhail, a' gabhail a-steach inbhe ar

goireasan, blàths ar fàilte agus ìre na seirbheis a tha luchd-ceannachd a' faighinn. Dh'àrdaich reit iomlan ar càileachd coileanaidh cuibheasach 2 sa cheud gu 92.2 sa cheud ann an 2010.

7stanes thairis air Sruth na Maoile

Chuir pròiseact baidhsagalachd beinne tachartas air chois ann am meadhan a' bhaile ann am Beul Feirste sa Chèitean 2010. Chaidh seo a dhealbhadh airson mothachadh a thogail mu slighean nan 7stanes agus mu sheirbheisean eile dha luchd-tadhail ann an ceann a deas Alba. Tharraing an tachartas – anns an robh sgioba taisbeanaidh nam baidhsagal agus raon de chom-pàirtichean bho na roinnean poblach is prìobhaiteach an sàs – mu thimcheall air 700 neach-tadhail bho air feadh Èirinn. Choisinn an turas mòran follaiseachd le dà bhuidheann de naidheachdairean Èireannach a' tadhal air na 7stanes airson aithrisean eile a sgrìobhadh. Tha fiosrachadh mu na 7stanes a-nis anns a' chuid mhòr de bhùithtean bhaidhsagail timcheall air Beul Feirte.

A' coimhead an dèidh motar-baidhgean

Chomharraich Cuairtean Sia Latha na h-Alba – a' chuairt fharpaiseach motar-baidhg as aosta san t-saoghal, ceud ceann-bliadhna ann an 2011. Ga chumail sa Ghearastan sa Chèitean, tha cuairt nam motar-baidhg na thachartas cudromach bliadhnail dhan sgìre, a' toirt àrdachadh dhan eaconamaidh ionadail agus a' tarraing aire bho meadhanan an t-saoghail. Airson tachartas na bliadhna seo, chaidh teòr teann astair a thoirt a-steach fo shùilean nam poileas – airson dìon a chur air com-pàirtichean agus air feadhainn a bha airson raidhdeadh.



A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- an t-Ionad Tadhail ùr, Glentress Peel, fhosgladh sa Ghleann Tuaidh;
- 30 àite foghlainneachd fhaighinn air an NFE; agus
- planaichean leasachaidh a chrìochnachadh airson Loidse Ionad Tadhail David Marshall ann an Obar Phuill.

Leasachadh Coimhearsnachd

A' cur daoine an sàs ann an Coilltearachd– pasgan-inneil

Tha sinn air a' phasgan-inneil, Involving People in Forestry, againn a leasachadh gus toirt a-steach atharrachaidhean deagh chleachdaidh ann an riaghladh choilltean, barrachd com-pàirteachaidh ann an coilltearachd bhailteil agus barrachd obair choimhearsnachd ann an coilltearachd. Tha atharrachaidhean a' toirt a-steach stiùireadh air co-chomhairle planaichean coille agus dòighean anns am faod manaidsearan obair leantainneach coimhearsnachd a leasachadh is a riaghladh. Tha am pasgan a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad mu shàr dhòighean obrachaidh a chaidh a tharraing bho eòlas eadar-nàiseanta.

www.forestry.gov.uk/toolbox

A' toirt dara ìre WIAT gu ceann

Thàinig dara ìre prògram soirbheachail WIAT gu ceann am-bliadhna. Tha sinn air còrr air £50m a thoirt dha còrr air 150 pròiseact a th' air 11,000ha de fhearann-coillteach a riaghladh agus air 1,400ha de fhearann-coillteach ùr a chruthachadh. Tha sinn air taic a chur ri cruthachadh is àrdachadh 400km de cheuman-coise agus bho 2004, tha 610,000 neach a bharrachd air faighinn a-steach gu coille ionadail. Thathas air còrr air 4,000ha de thalamh fhaighinn airson taic a chur ri libhrigeadh WIAT.

San t-Sultain 2010, chaidh 12 phrìomh làrach WIAT a thaghadh airson a bhith nan eisimpleirean fad-ùineach de riaghladh seasmhach coille bhailteil ann an Glaschu, Dùn Èideann, Obar Dheathain is Dùn Dèagh. Bhiodh iad nam prìomh pàirt den treas ìre de WIAT.

www.forestry.gov.uk/wiat

Ag uaineachadh Meadhan na h-Alba

Còmhla ri SNH, tha sinn a' leantainn oirnn a' leasachadh Lìonra Uaine Meadhan na h-Alba (CSGN) – am pròiseact uaine as motha san Roinn Eòrpa – le maoineachadh airson Neach-cathrach neo-eisimeileach, Aonad Taice agus cuideachadh dha raon phròiseactan agus obair dealbhachaidh.

Tro Maoin Leasachaidh CSGN, thug sinn taic dha 72 pròiseact taobh a-staigh crìochan CSGN. Chaidh còrr air £1.3m de mhaoineachadh a thoirt dha caochladh phròiseactan, a' gabhail a-steach na leanas:

- ro-innleachd is plana airson Lìonra Uaine Bàgh Irbhinn a leasachadh, a' cuimseachadh gu sònraichte air a bhith ag uaineachadh làraichean gnìomhachais a tha fàs is ganraichte; agus
- àrd-phlana a dheasachadh a bhios a' comharrachadh chothroman airson an lìonra uaine ann is mu chuairt air Oighreachd Ghnìomhachais Ghleann Liobhainn, ann an Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar, a leasachadh.

www.forestry.gov.uk/csgndevfund
www.centralscotlandgreennetwork.org

Bringing change to life



Tha WIAT air 400cm de cheuman-coise ùra no leasaichte a mhaoineachadh – co-ionann ris an astar eadar Dùn Èideann agus Birmingham.

Leasachadh Coimhearsnachd

Trèanadh airson Sgoiltean Coille

Ruith sinn Prògram Trèanadh Sgoiltean Coille ann an 30 sgoil airson Sgoiltean Coille a libhrigeadh is a chuideachadh. Ann an Sgoiltean Coille ionnsaichidh sgoilearan mar a chleachas iad innealan, mar a thogas iad fasnagaidhean, ceardan coille agus mar a ghabhas iad pàirt ann an tachartasan airson pàirt a ghabhail ann an sgioban agus airson an slàinte chorporra is an deagh-chor fhèin àrdachadh. Fhuair am prògram maoineachadh com-pàirteachais bho Buidheann Stiùiridh Foghlaim Riaghaltas na h-Alba.

Co-òrdanaiche sgoil coille ùr

Tha sinn air taic a thoirt dha Penny Mhàrtainn mar cho-òrdanaiche Sgoiltean Coille Iomairt Foghlaim na Coille (FEI). Bheir Penny ri chèile prògram trèanadh Sgoiltean na Coille agus nì i leudachadh air an trèanadh is an libhrigeadh againn. Fhuair an dreuchd maoineachadh bhon mhaoin againn, Coilltearachd dha Daoine/Forestry for People agus tha Living Classrooms ga chumail às leth Com-pàirteachas am FEI.

www.foresteducation.org/woodland_learning

A' cur làrach-lìn ùr FEI air bhog

Dheasaich sinn làrach-lìn FEI a tha a' toirt fiosrachadh is beachdan seachad airson teagasg mu chraobhan, choilltean, gnìomhachas na coille agus bathar fiodha dhan fheadhainn a tha ag obair còmhla ri clann is daoine òga. Chaidh mòran de na stuthan san earrainn ionnsachaidh a dheasachadh le tidsearan. Tha earrann ann coisrigte dha buidhnean ionadail FEI agus duilleag Facebook co-cheangailte.

www.foresteducation.org/news/scotland

www.forestry.gov.uk/feiscotland



A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- an treas ìre de phrògram WIAT a chur air bhog;
- barrachd stiùireadh a thoirt seachad air mar a dh'fhaodas coimhearsnachdan a dhol an sàs ann am pròiseactan lùth ath-nuadhachail coimhearsnachd air NFE;
- leantainn le taic dha Lìonra Uaine Meadhan na h-Alba; agus
- rannsachadh a dhèanamh air cothroman dha pàrantan is luchd-cùraim a bhith ag obair còmhla ri sgoiltean-àraich is sgoiltean gus cuideachadh le taic airson ro-sgoil coille agus Sgoil Coille.

Leasachadh Coimhearsnachd air Oighreachd Nàiseanta na Coille

A' fosgladh iomairt ghoirtein shònraichte SLUG

Chaidh iomairt coimhearsnachd shònraichte a chruthaich 17 lotan aig Cowhill sa Ghearastan, Sunny Lochaber United Gardeners (SLUG), fhosgladh san t-Sultain 2010. – a' chiad fhear de sheòrsa air an NFE – a tha ag amas air leasachadh a dhèanamh air làrach nan lotan, agus air aire na coimhearsnachd, air mar a thèid iad an sàs ann, a thogail tro sreath de làithean fosgailte. Seo aon den iomadh dòigh sa bheil sinn a' cuideachadh dhaoine bhon sgìre gus a dhol an sàs nan coille ionadail.

Cuir craobh ann an Sròn Reamhar

Chùm sinn latha airson cur chraobhan ann an Sròn Reamhar san Iuchar 2010 agus sinn ag amas air muinntir na sgìre a chur an sàs ann an cruthachadh coille ùr coimhearsnachd.

Bha a' choimhearsnachd ionadail an sàs ann an dealbhachadh is leasachadh na coille tro choinneamhan-tadhail. Chruinnich a' choimhearsnachd aig Tuathanas Gallowhill gus cuideachadh le bhith a' cur cuid de na 100,000 ògan a dh'fheumar airson a' choille a chruthachadh.

Tha planaichean airson Gallowhill a' gabhail a-steach lìonra cheuman airson àrdachadh a thoirt dha cothroman coiseachd, pàirc ùr chàraichean le inntigeadh dha ciorraim agus lòn coimhearsnachd cuairtichte le preasan is craobhan-measa.

A' faighinn talamh ann an Glaschu

San t-Sultain 2010 dh'aontaich sinn ceithir làraichean ann an taobh an ear Ghlaschu a ghabhail a-null. 'S e làrach lìonnta a th' ann an The Cuningar Loop air lùb de Abhainn Chluaidh agus tha e mu choinneamh baile Geamannan a' Cho-fhlaitheis 2014. 'S i coille inbheachail a th' ann an Coille Achadh an t-Seagail beagan gun ear. 'S e làrach lìonnta pàirt-ghnìomhach a th' ann an Greenoakhill air gach taobh den M74 agus thèid a chur,

mean air mhean, a-null gu FCS tro gabhaltas 'pie-crust' mar a thèid an lìonadh a chrìochnachadh. Tha Pàirc Bothwell nas fhaide siar, faisg air Pàirc Dhùthchail Srath Chluaidh agus Creag an Fhithich/ Ravenscraig agus 's e làrach lìonnta crìochnaichte a th' ann a thathas a' sùileachadh a chur am-bliadhna. Thèid na làraichean sin a leasachadh airson coille 'Clyde Gateway Forest' a chruthachadh. Tha sinn a' cleachdadh ar sgilean coilltearachd agus ar n-eòlas air riaghladh talmhainn gus ceàrnaidhean trèigte ann an Glaschu a chruth-atharrachadh airson buannachd muinntir an àite. Tha na làraichean a' riochdachadh na h-obrach as bailteile a rinn FCS sa phròiseact mu thimcheall bhailtean/ Woods In and Around Towns (WIAT) gu ruige seo. Thèid an obair a riaghladh tro sgioba sònraichte pròiseict ann an dlùth cheangal ri Clyde Gateway Regeneration Company agus trì ùghdarrasan ionadail.

A' toirt taic dha iomairtean coillteach coimhearsnachd


Gus cuideachadh le taic dha pròiseactan ath-nuadhachail coimhearsnachdan chuir sinn cruth ùr de leabhran stiùiridh Sgeama Fearainn na Coille Nàiseanta (NFLS) air bhog san Dàmhair 2010. Chaidh an sgeama atharrachadh airson taic shoilleir a thoirt dha pròiseactan ath-nuadhachail coimhearsnachdan – tha 18 mìosan a-nis aig buidhnean coimhearsnachd airson planaichean ullachadh mus cuir iad airgead a-steach ann an ceannachd na talmhainn. Tha an NFLS leasaichte cuideachd a' tabhann barrachd chothroman dha coimhearsnachdan a tha ag iarraidh fearann-coillteach a riaghladh airson buannachd na coimhearsnachd agus leasachadh dùthchail. Am-bliadhna chaidh faisg air 1000ha de thalamh a reic tron NFLS aig Coille Balfour (Uisge Dè), Planntachas Dìg (Cataibh) agus Planntachas Rumster (Gallaibh).

www.forestry.gov.uk/nfls

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- trì prìomh phròiseactan coillteach a leasachadh ann an 'Clyde Gateway' ann an Glaschu;
- tuilleadh luchd-gleidhidh choilltean agus stiùbhartan coimhearsnachd a chur an dreuchd airson meadhan na h-Alba; agus
- 10cm de shlighean ùra is cheuman fhosgladh faisg air ceàrnaidhean bailteil.



Slighe gu Slàinte

Ag uaineachadh Oighreachdan NHS

Tha sinn ag obair còmhla ri luchd-obrach Oighreachd NHS gus prògram adhartach, a chruthaicheas cothroman airson àrdachadh slàinte ann an coilltean is àiteachan uaine taobh a-staigh àrainn ospadalan, a choileanadh.

Ann an Ospadal Rìoghail Linne Fhoirthe ann an Leth Pheairt, tha Stiùbhart an Ospadail, Gòrdan Harper, a' brosnachadh luchd-obrach is euslaintich gus barrachd feum a dhèanamh à 70ha na h-àrainne. Bidh Ospadal Ninewells, Dùn Dèagh na làrach taisbeanaidh agus na 23ha de fhearann-coillteach is feurach, a tha a' gabhail a-steach Coille Arboretum ga cur fo riaghladh gnìomhach a-rithist. Thathas ag adhartachadh cungaidhean-leighis uaine san ospadal agus tha cur-seachadan a' gabhail a-steach cuairtean slàinte seachdaineach dha euslaintich.

A' sgrùdadh ionadan uaine ospadalan

Ann an com-pàirt ri Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Ionad Slàinte Dùthchail agus NHS Linne Fhoirthe, fhuair sinn £90,000 de mhaoinachadh bho Comhairle Rannsachaidh nan Ealan is na Daonnachd airson dreuchd rannsachaidh for-ollamhachd dà bhliadhna, a bhios a' sgrùdadh dealbhachadh is leasachadh àrainnean uaine ospadail bho thaobh slàinte is deagh-chor, a stèidheachadh.

A' dol còmhla ri Com-pàirteachas Uaine na h-Eacarsaich

Chaidh Com-pàirteachas na h-Eacarsaich Uaine a chur air bhog gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh barrachd cleachdaidh den bhlàr a-muigh gus leasachadh a

dhèanamh air slàinte inntinne is chorporra. Tha an com-pàirteachas a' toirt NHS Health Scotland, FCS, SNH agus buidhnean eile còmhla fon cho-amas a bhith a' dèanamh 'barrachd feum den bhlàr a-muigh airson slàinte is inbheachd beatha nas fheàrr àrdachadh dha muinntir na h-Alba'. Thug Riaghaltas na h-Alba £36,000 seachad dha trì Bùird Slàinte Roinneil airson na h-iomairt seo.

A' Buannachadh tro Leudachadh

Choisinn an iomairt, Branching Out, againn an duais airson an solaraiche Cùram Slàinte Uaine a b' fheàrr aig Duaisean Uaine na h-Alba san t-Sultain 2010. Tha an iomairt seo a' cleachdadh choilltean mar suidheachaidhean leasachaidh dha daoine le duilgheadasan slàinte inntinn.

Le cuideachadh bho àrdachadh ionmhais a fhuair sinn bho Roinn Slàinte Poblach is Spòrs Riaghaltas na h-Alba, tha sinn a' toirt Branching Out a-mach nas fhaide ann an NHS Sgìre Ghlaschu is Chluaidh, NHS Lodainn is NHS Linne Fhoirthe.

A' meas cluich nàdarra

Tha cluich nàdarra a' toirt cothrom dha clann ath-cheangal a dhèanamh ris an àrainneachd nàdarra is tha iad a' mealtainn sochairean corporra, inntinne is sòisealta mar thoradh air sin. Tha am prògram againn air cluich nàdarra ag amas air ceàrnaidhean airson cluich nàdarra a leasachadh taobh a-staigh, no faisg air, àrainnean bun-sgoiltean. Am-bliadhna chuir sinn crìoch air prògram sgrùdail dà bhliadhna ann am Bun-sgoil Merrylee ann an Glaschu. Bheir na toraidhean is na molaidhean àrdachadh air cluich nàdarra.

www.merrylee-pri.glasgow.sch.uk

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- cur ri leasachadh slàinte agus beàrn na slàinte ann an Alba a lùghdachadh le bhith a' leudachadh seirbheis Branching Out dha euslaintich a tha a' cleachdadh seirbheisean slàinte inntinne;
- slighean a-steach gu coilltean a dhèanamh nas fhasa dha na roinnean sòisealtais uile;
- a' cleachdadh slighean choilltean gus cuideachadh le slàinte chorporra is inntinne a leasachadh ann an Alba; agus
- stiùireadh mu àiteachan uaine NHS fhoillseachadh is a chur air bhog.

Nì faighinn a-steach do choille feum mhòr, le bhith a' lùghdachadh iomagain, sprochd, uallach agus sgìths-inntinne.

Slighe a-steach agus Gnìomhan Slàinte air Oighreachd Nàiseanta na Coille

A' leasachadh inntigeachd le Phototrail

Thathas air còrr air 155cm de cheuman, slighean is ròidean a sgrùdadh ann am meadhan na h-Alba mar phàirt de phròiseact le Urras Fieldfare. Tha na toraidhean – a gheibhear a-nis air làrach-lìn Urras Fieldfare, le ceanglaichean bhon làraich-lìn againn – a' toirt fiosrachadh ro-làimh dha luchd-tadhail mu uachdar cheuman, mu leud, mu chasaidean, bheingean, phàirceadh dha ciorramaich is mar sin air adhart. Le leithid de fhiosrachadh ri fhaighinn, bu chòir dha daoine de gach comas a bhith a' faireachdainn na bu mhisneachail nuair a tha iad a' beachdachadh air a bheil, no nach eil, slighe ruigsinneach dhaibh.

www.phototrails.org

Ag ionnsachadh sgilean ùra

Bha sinn ag obair ann an com-pàirt ri Apex Scotland gus taic a thoirt dha buidhnean de shaor-thoilich airson leasachaidhean coillteach a dhèanamh aig Coille Devilla. Tha an obair ag amas air cuideachadh a' lorg obair a thoirt dha daoine a bha nan eucoirich agus dha òigridh a tha fosgailte ri cunnart le bhith ag àrdachadh am fèin-spèis agus a' toirt sgilean sùbailte dhaibh. Thabhainn am prògram 12-seachdain cothrom dha com-pàirtichean teisteanas gnìomhachais fhaighinn fhad 's a bhatas a' leasachadh na h-àrainneachd ionadail. Tha luchd-com-pàirt air aithris gun d' fhuair iad sochairean slàinte is deagh-chor bhuaithe agus tha Apex

Scotland air maoinachadh fhaighinn bhon mhaoin againn, Forestry for People Challenge, airson trì buidhnean-obrach eile a libhrigeadh sa bhliadhna ri thighinn.

www.apexscotland.org.uk

Fèis sholais Diwali

Chùm sinn tachartas Fèis sholais 'Diwali' – a bhios coimhearsnachdan Sikh agus Hindu a' comharrachadh gu traidiseanta – aig Coille Triath Ancrum, Colaiste Abaid Newbattle san t-Samhain. Chaidh an tachartas a dhealbhadh airson daoine a chuideachadh a' dèanamh ceangal ri Coilltean na h-Alba.

Bha aighean bho gach buidheann creideimh an làthair agus ghabh iad tlachd ann a bhith a' dèanamh lanntairean le pàipear, uèir agus stuthan coilltearachd. Chaidh na lanntairean a chleachdadh – còmhla ri toiridsichean pàireafain – ann an caismheachd thoiridsichean, far an robh na h-aighean a' roinn nan dualchasan a bha na coimhearsnachdan creideimh aca a' comharrachadh agus sgeulachdan mu chudromachd Diwali.

Thàinig an oidhche gu ceann le cuirm de bhìadh Àisianach sa cholaiste airson cothrom a thoirt dha daoine de dhiofar chreideamhan is chultaran, coinneachadh. Thathas air a' cholaiste a sgeadachadh le stuthan bho coille Triath Ancrum, nam measg cuileann is mucagan, a bha ceangailte ri na cuilbh Gothaig chlach-gainmhich agus eadar-thoinnte le solais sìthichean.

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- leasachadh a dhèanamh air stòr-dàta de shlighean coille a tha ruigsinneach dha daoine le diofar chiorraman ann an com-pàirteachas le Paths for All agus Urras Fieldfare;
- leasachadh a dhèanamh air a' chuireadh againn airson faire air fiadh-bheatha gus am faigh barrachd luchd-tadhail air ar goireasan a mhealtainn agus air a bhith a' tuigsinn dè a tha iad a' lorg, agus càite; agus
- buileachadh is leudachadh a dhèanamh air Ro-innleachd Obrach Meadhan na h-Alba airson leudachadh ann am buidhnean eadar-mheasgte a leasachadh.



Gnè Àrainneachdail

A' toirt taic dha riaghladh cunnart thuiltean

Tha comasachd aig coilltearachd airson taic a chur ri riaghladh cunnart thuiltean. Tha pàirt cudromach againn mar thagraiche de Ùghdarras Chunntachail fo Achd Riaghlaidh Cunnart Thuiltean (Alba). Cuiridh sinn cur ùr air adhart mar phàirt de dhòighean-obrach nàdarra is seasmhach de riaghladh cunnart thuiltean agus den iomadach sochair a dh'fhaodas a thighinn bho bhith a' cur ri taobh aibhnichean agus air raointean bàithe. Tha an obair a' leantainn airson taic a chur ri dà Phlana Riaghlaidh Lagain Aibhnichean ann an Alba.

A' dealbhachadh coilltean bailteil

Ruith sinn cùrsa trèanaidh dhan fheadhainn a bha an sàs ann an cruthachadh is riaghladh choilltean airson feum muinntir na sgìre. Thug cùrsa Dealbhachaidh Choilltean Bhailteil – pàirt den phrògram WIAT againn – riochdairean tro dhòigh-obrachaidh, ceum air cheum, airson deasachadh a dhèanamh air plana dealbhachaidh, a tha mothachail air feuman choimhearsnachdan ionadail agus a tha a' cuideachadh le bhith a' lasachadh giùlan mì-shòisealta. Bha mu 60 neach an làthair aig a' chùrsa dà latha, agus tha stuthan a' chùrsa rim faighinn air-loidhne.

www.forestry.gov.uk/forestry/uwdmaterials

A' cuimseachadh air talamh mònach

Airson ar tuigse mu thalamh mònach a mheudachadh, bharantaich sinn aithisg bho Rannsachadh Coilltearachd, 'A' tuigsinn buaidh gasan taigh-glainne na coilltearachd air talamh mònach ann an Alba' / 'Understanding the greenhouse gas implications of forestry on peat soils in Scotland'.

Tha timcheall air 3,000 millean tunna de ghualan nar talmhaichean, agus mu leth dhen sin glaiste ann an talmhaichean mònach agus faodaidh na stòrasan sin caochladh ma chuireas na h-atharrachaidhean ann an cleachdadh talmhainn dragh air an talamh no ma dh'atharraicheas iad clàr an uisge. Tha an

rannsachadh a' meas càite am b'fheàrr coille ùr a chur air talamh mònach airson buannachd fhaighinn a thaobh cothromachadh gasan taigh-glainne agus càite am bu chòir cur chraobhan air talamh mònach a sheachnadh. Nuair a gheibh sinn toraidhean na h-aithisg, cha chruthaich sinn coille ùr air talmhaichean far a bheil a' mhòine nas doimhne na 50cm.

A' cur dualchas cultarach air-loidhne

Bheir an Goireas Fiosrachaidh ùr againn air Dualchas Cultarach cuideachadh dha neach sam bith le ùidh ann a bhith a' faighinn a-mach mu cuid de dhualchas cultarach falaichte na h-Alba. Tha luchd-gleidhidh air a leasachadh airson a chleachdadh agus tha fiosrachadh ann mu sgrùdaidhean cùise, stiùireadh practaigeach agus molaidhean co-cheangailte ri gnìomhan eachdraidheil is arc-eòlasach. Tha sinn an dòchas gum brosnach e mothachadh mu àrainneachd eachdraidheil coilltean na h-Alba, a' cuideachadh luchd-cleachdaidh le bhith a' lorg nan innealan a tha riatanach airson rannsachadh a dhèanamh air arc-eòlas no eachdraidh làrach dualchais sam bith – agus le bhith a' leasachadh dòighean ùr-ghnàthach airson an fhiosrachadh seo a libhrigeadh dhan t-sluagh phoblach.

www.forestry.gov.uk/culturalheritageresources

Ag aonadh na h-àrainneachd eachdraidheil taobh a-staigh Planaichean Coille

Tha sinn ag adhartachadh aonadh na h-àrainneachd eachdraidheil taobh a-staigh Planaichean Coille ann an caochladh dhòighean. Chùm sinn tachartas air Ghàidhealtachd airson mothachadh a thogail agus dh'fhoillsich sinn artaigil airson fiosrachadh a thoirt dha arc-eòlaichean proifeiseanta mu na cùisean (The Archaeologist 78, 2010). Rinn sinn cuideachd ath-leasachadh air an sgrìobhainn stiùiridh air-loidhne, 'Information and Advice on the Historic Environment in Scotland for Forest and Woodland Managers' le comhairle ùr air mar a nìthear barantachadh air sgrùdadh arc-eòlasach.

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- stiùireadh a chlà-bhualadh air riaghladh fearann-coillteach taobh a-staigh gàrraidhean eachdraidheil agus seallaidhean-tìre coisrigte;
- plana-obrach, a ghabhas a choileanadh, aontachadh mar phàirt de dhleastanasan FCS fo Achd Riaghlaidh Cunnart Thuiltean 2009 (Alba);
- tuilleadh leasachadh is adhartachadh a dhèanamh air suidheachadh stèidhte air fianais co-cheangailte ri cur is spadadh chraobhan air talmhaichean mònach; agus
- leasachadh a dhèanamh air sreath de sgrùdaidhean-cùise is stiùireadh co-cheangailte a tha ag adhartachadh riaghladh glèidhteachais de chomharran cudromach eachdraidheil ann am fearann-coillteach is coilltean na h-Alba.

Tha cuid de na làraichean àirseachail as cudromaiche ann an Alba san NFE, nam measg daingneachdan iongantach Cruithneachail, mòran charraighean-cuimhne diamhair deas-ghnàthach bho àm Neolithic agus pìosan mòra de Bhalla Ròmanach Antonine ann an deagh òrdugh.

Càileachd Àrainneachd air Oighreachd Nàiseanta na Coille

A' meas bruthadh coilltearachd air uisgeachan

Tha sinn air ath-sgrùdadh a dhèanamh, stèidhte air dàta a fhuair bho SEPA, air bruthadh coilltearachd air aibhnichean a tha a' gearradh tarsainn air an talamh a tha fo ar riaghladh. Thug seo cothrom dhuinn suidheachadh aibhnichean air NFE, far a bheilear a' meas coilltearachd mar phrìomh bhruthadh, a chomharrachadh. Gheibh sinn air an fhiosrachadh seo a chleachdadh airson planaichean choilltean a dhealbhadh san àm ri teachd.

A' cuideachadh le ath-bheothachadh a' bhradain

Thug sinn dà dham gun fheum air falbh bho Abhainn Lannaidh gus cuideachadh le fosgladh nan uisgeachan cinn a bh' air an toirmisgeadh dha bradain airson nan 60 mu dheireadh. Cuidichidh an obair le stuic chugallach a' bhradain ath-bheothachadh san àite, agus tha a-nis 5cm de dh'àrainn ann airson sìolachadh agus iasg òg. Bha sinn ag obair ann an dlùth cho-chomhairle le Urras Iasgaireachd Loch Abair agus fhuair sinn maoin eachdachadh bho maoin ath-nuadhachadh aibhnichean SEPA.

A' leasachadh eòlas luchd-tadhail gu oighreachd nàiseanta na coille

Gus cuideachadh le bhith a' leasachadh eòlas luchd-tadhail gu ar fearann-coillteach

is coilltean, tha sinn air stiùireadh ùr a dheasachadh a leasaicheas ar dealbhachadh coillteach is ar dòighean-riaghlaidh.

Bheir an stiùireadh ùr a-steach dòigh cunbhalach airson luchd-tadhail fhàilteachadh gu Oighreachd Nàiseanta na Coille. Tha e a' dèiligeadh ri trì raointean sònraichte – tighinn an neach-tadhail, an dlùth àrainneachd agus an suidheachadh mu chuairt – agus dòighean airson ar slighean a-steach, ar cur-seachadan is ar goireasan turasachd a leasachadh.

A' coimhead an dèidh ar dualchais chultaraich

Bha sinn a' cumail oirnn ag obair airson an àrainneachd eachdraidheil air NFE a dhìon is a ghleidheadh.

Bha pròiseactan san robh ùidh shònraichte a' gabhail a-steach na leanas:

- grunn sgrùdaidhean mhionaideach arc-eòlasach air cruthan-tìre a' gabhail a-steach còig prìomh dhùin Cruithneach air Ghàidhealtachd;
- caochladh sgrùdaidhean air togalaichean eachdraidheil, nam measg scanadh 3D air Tùr Cardrona, taigh tùir bhon 16mh linn ann an Crìochan na h-Alba; agus
- càradh Drochaid Inbhir Garaidh – eisimpleir annasach 'B' liostaichte de dhrochaid-coise bogha-stuadhach stàilinn.



A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- ath-sgrùdadh a dhèanamh air Clàr Maoinean Ainmichte Eachdraidheil NFE ann an co-cheangal ri Alba Aosmhor;
- inneal ùr GIS fhoillseachadh gus cothrom a thoirt dha coilltearan fiosrachadh mu thalmhaichean a chruinneachadh is a mhìneachadh airson a thighinn gu co-dhùnidhean fiosraichte mu riaghladh làraichean; agus
- dèanamh cinnteach gu bheil molaidhean airson dèiligeadh ri bruthaidhean coilltearachd a chaidh a chomharrachadh air aibhnichean ann am planaichean dealbhachaidh na coilltearachd airson NFE.



Bith-iomadachd

A' dèanamh sgrùdadh air ar fearann-coillteach dùthchasach

Tha sinn air prìomh chlach-mhìle a choileanadh agus sinn air sgrùdadh a dhèanamh air leth de na talmhaichean air an robh Sgrùdadh Coille Dhùthchasach na h-Alba a' cuimseachadh. Rinn sinn sgrùdadh air 184,000ha am-bliadhna, agus tha sinn air aithisgean fhoillseachadh airson 13 de cheàrnaidhean na h-Ùghdarras Ionadail.

B' e aithisg nan Eilean Siar a' chiad fhoillseachadh dà-chànanach a bh' againn (Beurla-Gàidhlig). Tha an sealladair-mapa ùr-ghnàthach againn a' toirt cothrom dha daoine fiosrachadh fhaighinn is ceistean a chur mu fiosrachadh nas mionaidiche bhon sgrùdadh.

www.forestry.gov.uk/nwss

A' leasachadh lìonraidhean àrainnean ann am meadhan na h-Alba

Tha sinn ag obair còmhla ri SNH, Urras Coilltearachd Meadhan na h-Alba agus Rannsachadh Coilltearachd (FR) gus cuideachadh le bhith a' stiùireadh leasachadh modalan is stiùireadh Lionra Aonaichte nan Àrainnean. Tha modaladh, a tha FR a' dèanamh, a-nis a' còmhach ceàrnaidhean CSGN air fad. Tha na mapaichean a' sealltainn far a bheil cothrom air lìonraidhean àrainne a chruthachadh no a leasachadh airson àrainnean air fearann-coillteach, air talamh-feurach no ann an talamh bog agus bheir iad cothrom airson prìomhachas a thoirt dha oidhirpean glèidhteachais.

www.forestry.gov.uk/hnez

Ag obair airson gnèithean deatamach FCS

Tha prògraman sgrùdail againn a' dol airson gach aon de ghnèithean deatamach FCS. Tha obair glèidhteachais airson nan sia gnèithean air adhartas a dhèanamh agus tha sinn air mòran maoineachadh taice a chur tro Chunnraidhean Leasachaidh Dùthchail Prògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba airson glèidhteachas a' choilich dhuibh air fearann-coillteach is mointichean.

Tha sinn cuideachd ag obair gu dlùth ri Glèidhteachas Dealan-dè na h-Alba/Butterfly Conservation Scotland airson àrainn dhan Leumadair Breac-Ballach agus dha Dealan-dè nan Oirean Neamhnaideach, a tha le chèile nam prìomh ghnèithean coille, a dhion is àrdachadh. Tha tursan gu làraichean is comhairle – a' gabhail a-steach notaichean ùra stiùiridh – a' toirt fiosrachadh dha uachdarain is manaidsèaran air an riaghladh as freagarraiche airson buannachd a thoirt gu gach gnè agus mun dòigh as fheàrr airson maoineachadh iarraidh bho Prògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba.

www.forestry.gov.uk/lmo

A' toirt comhairle dha manaidsèaran coille mu luibh-bheatha

Tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri Plantlife Scotland airson pròiseact farsaing a lìbhrigeadh. Tha seo a' toirt comhairle seachad dha manaidsèaran fearainn air an dòigh as fheàrr air luibhean tearc agus fungas a thàladh dhan cuid choilltean. An cois a' phròiseict bha làithean taisbeanaidh a bha a' sealltainn dha manaidsèaran fearainn agus luchd-glèidhteachais mar as fheàrr a gheibhear air gnèithean cudromach a chomharrachadh, an coilltean a riaghladh agus an cuideachadh a' cumail beò, agus air tagradh airson maoineachadh gus seo a choileanadh.

www.plantlife.org.uk/scotland



Tha bith-iomadachd na h-Alba sònraichte, a' cur taic ri 65 a-mach à 159 prìomh àrainnean glèidhteachais agus gnèithean a tha liostaichte ann an òrdugh àrainnean na h-Eòrpa.

Bith-iomadachd

A' riaghladh choilltean dha iolairean-mara

Chaidh nota-cleachdaidh ùr fhoillseachadh sa Mhàrt airson cuideachadh a thoirt dha choilltearan gus iolairean-mara a chumail nar choilltean.

Air a cho-dheasachadh le SNH agus RSPB, tha e a' suidheachadh dòighean reusanta bu chòir dha manaidsaran coille a leantainn gus nach cuir iad dragh air iolairean briodachaidh no iolairean neadachaidh nuair a tha iad ag obair. An-dràsta tha 52 phaidhir briodachaidh den eun mhìorbhaileach seo ann an taobh siar na h-Alba, ach le bhith a' toirt feadhainn a-steach gu taobh an ear na h-Alba o chionn ghoirid, tha coltas ann gum bi iad a' cleachdadh choilltean air feadh na dùthcha nas trice.

www.forestry.gov.uk/fcsguidancenotes

Ag obair gu saor-thoileach airson eòin coille

Chaidh còrr air 100 gnè de dh'eòin a chlàradh mar phàirt den sgrùdadh trì bliadhna a chaidh a dhèanamh air sampail de choilltearachd airson atharrachaidhean ann an àireamh eòin coille a mheas.

Rinn sinn co-mhaoineachadh air an sgrùdadh le SNH agus chaidh an aithisg dheireannach fhoillseachadh am-bliadhna. Chuidich an sgrùdadh le bhith a' cur sia gnèithean coillteach ri clàr-amais eòin coillteach na h-Alba. Tha Ro-innleachdan Bith-iomadachd is Coilltearachd na h-Alba a' cleachdadh a' chlàir-amais mar phrìomh chomharrachadh.

Thèid fiosrachadh bho na ceàrnaidhean sgrùdaichte sin, co-cheangailte ri inbhe ghnèithean coillteach, a chur a-steach ann an Sgrùdadh Eòin Briodachaidh Urras Eun-eòlas Bhreatainn /the British Trust for Ornithology's (BTO) Breeding Bird Survey agus leasaichidh e fiosrachadh is cuidichidh e gus gluasadan a lorg.

Tha sinn ag obair gu dlùth le BTO airson saor-thoilich a thàladh gus an cuidich iad a' cumail an sgrùdaidh a' dol agus gum faigh sinn air togail air an eòlas a th' againn mun eun-bheatha bheairteach a tha na phàirt cudromach de bhith-iomadachd coilltean na h-Alba.

www.forestry.gov.uk/woodsfornature
www.bto.org/volunteer-surveys/bbs/research-conservation/scottish-woodland-bbs

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- stiùireadh fhoillseachadh airson smachd fhaighinn air gnèithean neo-dhùthchasach ann an coilltean na h-Alba;
- Prògram Bith-iomadachd ath-leasaichte FCS fhoillseachadh;
- 188,000 ha a bharrachd de fhearann-coillteach a sgrùdadh airson Sgrùdadh Coilltean Dùthchasach, ochd aithisgean airson ceàrnaidhean ùghdarrasan ionadail fhoillseachadh agus na toraidhean a chleachdadh airson riaghladh coillteach nas fheàrr; agus
- dèanamh cinnteach gu bheil riaghladh bith-iomadachd fèidh na coille air fhilleadh a-staigh sa Chòd ùr airson Riaghladh Seasmhach nam Fiadh.



Bith-iomachd air NFE

Ag ath-sgrùdadh phlanntasan air làraichean coillteach ãrsaidh

Chaidh mòran obair sgrùdaidh a dhèanamh air làraichean coillteach ãrsaidh air NFE. Chuidich seo airson ùrachadh a dhèanamh air dàta coilltean ãrsaidh, anns a bheil fiosrachadh mu amasan riaghlaidh, cunnartan is comas eag-eòlasach gach làraich agus thug e tuigse na b' fheàrr dhuinn mu na dòighean as fheàrr air na coilltean ãrsaidh sin a dhìon.

Ag ullachadh airson rhododendron a spadadh

Chruinnich luchd-obrach Coilltean Sgìreil air feadh Alba raon farsaing de dhàta gus cunntas a thoirt air leudachadh is gnè an *Rhododendron ponticum* air NFE. Chaidh modalan fìor a dheasachadh gus sealltainn far am bu chòir smachd a chumail agus chaidh tuairmse a thoirt air cosgaisean a rèir na talmhainn agus meud an dois. Bidh an obair seo mar bhunait dha ro-innleachd a nì cinnteach gun tèid dèiligeadh ri spadadh an rhododendron ann an dòigh èifeachdach, cunbhalach a thaobh cosgais aig sgèile àrainneachd agus ann an com-pàirteachas ri luchd-seilbh eile. Tha adhartas mòr air a dhèanamh mu thràth air oighreachd na coille nàiseanta.

Ag obair airson gnèithean deatamach FCS

Tha prògraman sgrùdaidh is glèidhteachais a' dol agairn airson nan sia gnèithean deatamach

– Capall-coille, Coileach Dubh, Feòrag Ruadh, Dealan-dè nan oirean neamhnaideach, Leumadair Breac Ballach agus Aiteann.

Tha sgrùdaidhean air dealan-dè nan oirean neamhnaideach a lorg aig grunn làraichean ùra air an talamh a tha sinn a' riaghladh agus tha seo a' sealltainn gun tabhainn riaghladh coille math deagh àrainn dha gnèithean a th' ann an cunnart.

Airson a' cheathramh bliadhna ann an sreath tha sinn air meudachadh fhaicinn ann an àireamh nan capall-coille fireann aig làraichean suirighe – chaidh 61 coileach suirighe a chunntadh aig 27 làraichean suirighe gnìomhach ann an 2010. An-dràsta bidh capaill-coille a' briodachadh ann an 16 coilltean air NFE, agus tha riaghladh a' chapaill-coille air a ghabhail a-steach nam Planaichean airson Dealbhachadh Choilltean.

Thàinig riaghladh àrainn ar pròiseict dearbhaidh airson coillech dhubha gu ceann am-bliadhna. Bha sinn ag obair còmhla ri RSPB na h-Alba agus SNH airson oifigeir pròiseict agus sgrùdairean seusanail lek fhastadh agus rinn sinn ar riaghladh fhèin air an dà àite dearbhaidh air NFE. Tha sgrùdadh lek a' phròiseict a' leantainn agus nì e measadh air mar a tha an obair riaghlaidh a' tighinn air a' choileach dhubh. Thathas a' faicinn meudachaidhean misneachail ann an àireamh nan coileach dubha aig grunn làraichean, gu h-àraidh aig an fheadhainn a tha co-cheangailte ri leudachadh coillteach.

A' coimhead air adhart

Tha ar prìomhachasan airson 2011/12 mar a leanas:

- fiosrachadh mu rhododendron a leasachadh agus a' leantainn le ro-innleachd spadaidh fad-ùineach dha rhododendron air NFE;
- ro-innleachd àrainnean fosgailte dha NFE fhoillseachadh; agus
- dòigh ùr sgrùdail a dhearbhadh dha Dealain-dè nan oirean neamhnaideach le Glèidhteachas an Dealain-dè agus saor-thoilich.



Image: Stuart Sutton, www.stuartsutton.co.uk




Tha craobhan a' dèanamh tòrr a bharrachd

Coilltean na h-Alba ag obair gu cruaidh gus solarachadh Buannachdan **sòisealta**, **eaconamach** agus **àrainneachdail** gus beatha muinntir Alba a chur am feabhas

Am feadh 's buannachdan a chur am feabhas, tha coilltean a' solarachadh àrainn air leth airson iomadh seòrsa thachartas. Anns na duilleagan a leanas gheibhear mion-dhealbh air pròiseactan sgìreil a thachair ann an coilltean air feadh Alba ann an 2010/11.

Pròiseactan mu thimcheall Alba ann an coilltean, am fearann-coillteach agus air Oighreachd Nàiseanta na Coille



01 Gleann an t-Sruthail, Pàirc Coille Ghall-Ghàidhealaibh: Stargazing for Valentines

Gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh ciad cheann-bliadhna de inbhe Adhar Dorcha Pàirc Coille Gall-Ghàidhealaibh chùm sinn tachartas oidhche dha mairnealaichean air 14 Gearran.

Thòisich an tachartas le comhairle mu bhith ag aithneachadh reul-chriosan fad às agus ceò thaibhseil, le fradharc sùla, prosbaigean no teileascop, mus deach cuairt threòraichte a thoirt dha com-pàirtichean agus cothrom a bhith a' dùr-amhairc air na rionnagan le cuideachadh bho buill comann reul-eòlas na sgìre.

02 Muile: Duais dha crùb Faire Iolairean Mhuile

Tha crùb Faire Iolairean Mhuile aig Loch Phrìsa air soirbheachadh gu màr le bhith a' faighinn duais ion-mhiannaichte ceithir-rionnagach airson sàr eòlas air fiadh-bheatha a thoirt dha luchd-turais. Chaidh an duais bho VisitScotland fhaighinn airson cho math 's a tha goireasan is seirbheisean a' chrùba. Chaidh iomradh sònraichte a thoirt air 'dioghras is dealas' luchd-iùil faire na fiadh-bheatha.

03 Mabie, Siorrachd Dhùn Phris: A' fosgladh slighe nàdair ùr

Chomharraich sinn Latha Eadar-nàiseanta na Bith-iomadachd air 22 Cèitean le fosgladh slighe nàdair ùr tro Choille Mabie agus le bileag-iùil ùr airson a bhith ag aithneachadh dealain-dè a gheibhear san sgìre. Tha an slighe – a fhuair taic bho Maoin Dualchais a' Chrannchair – a' fiaradh tro thèarmann nàdair na coille a tha na dhachaigh do bheairteas fhiadh-bheatha, nam measg dealan-dè tearc nan oirean neamhnaideach.

04 Am Ploc, Siorrachd Rois: A' togail bhàtaichean traidiseanta

Tha sgoilearan bho Àrd Sgoil a' Phluic air a bhith ag obair gus sgilean traidiseanta togail bhàtaichean a ghleidheadh. Chaidh am bàta mu dheireadh a rinn iad a thogail gu tur à fiodh a fhuair iad bho FCS, ann an com-pàirteachas le Urras Coilltearachd Coimhearsnachd Fheàrnaig.

05 Gleann Chamsaidh, Baile Leamhna, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear: A' cur chraobhan airson latha Martarach Eritrea a chomharrachadh

Chuir clann bho choimhearsnachd Eritrea ògain chraobhan ann an Gleann Chamsaidh, faisg air Baile Leamhna mar phàirt de chomharrachadh Latha Martarach Eritrea.

Tha an turas mar phàirt den iomairt airson daoine bho shuidheachaidhean eadar-mheasgte a bhrosnachadh gus coilltean a chleachdadh airson togail a thoirt dha slàinte is deagh-chor agus a bhith a' brosnachadh cur-seachadan a-muigh.

Tha Latha a' Mhartaraich air a chomharrachadh ann an Eritrea le bhith a' coiseachd gu Pàirc a' Mhartaraich agus a' cur chraobhan mar chuimhneachan air còrr air 65,000 neach a chaill am beatha anns an t-strì a mhair 30 bliadhna airson neo-eisimeileachd fhaighinn dhan dùthaich. Tha a' chlann air am brosnachadh gus cùram a ghabhail den craobhan mar an 'luchd-cùraim' agus feuchainn ri dòighean a lorg airson am buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh.

06 Gleann Afraig, Siorrachd Inbhir Nis: A' comharrachadh 20 bliadhna

Am-bliadhna chomharraich sinn an 20mh ceann-bliadhna de cho-obrachadh le Trees for Life/Craobhan airson Beatha aig Gleann Afraig. Tha duilleagan eadar-lìn againn a-nis a tha a' cuideachadh le bhith a' toirt fiosrachadh seachad airson cuairtean don àite shònraichte seo, a' sealltainn mar a tha uachdarain, forsairean, tuathanaich, stalcairean agus 'fir dealain' air cumadh a thoirt air an àrainneachd bhrèagha is àrsaidh seo agus air a coilltean.

www.forestry.gov.uk/glenaffric

07 Nevis Range, Loch Abar: Downhill agus Tachartas 4 Cross Mountain Bike na Cruinne

Bha tachartas soirbheachail baidhsagalachd Cupa na Cruinne eile againn aig Nevis Range ann an Loch Abar. Ach a-mhàin aig Farpaisean 2007 na Cruinne, bha an àireamh bu mhotha de luchd-amhairc ann le 18,500 gu h-iomlan air a chlàradh. Thathas a' meas gun bhuannaich an eaconamaidh ionadail £2.4m agus chan eil sin a' toirt a-steach nan làithean a bharrachd a chuir daoine seachad a' rannsachadh pàirtean eile de dh'Alba.

08 Loidse Daibhidh Marshall, Na Trosaichean: A' comharrachadh 50 bliadhna

Chomharraich Loidse Daibhidh Marshall a 50mh 'co-là-breith' o chionn ghoirid. Air a thogail le maoin eachadh bho Urras Charnegie, bha an t-ionad turasachd fada air thoiseach air an àm aige le bhith a' tabhann àite fàsach dha teaghlach airson cuirm-chnuic a mhealtainn ann an samhraidhean caochlaideach na h-Alba! An-diugh tha pàirt mhòr aig Loidse Daibhidh Marshall ann a bhith a' cur fàilte air ceudan mhiltean de luchd-turais a bhios a' tighinn gach bliadhna gu Obar Phuill agus Pàirc na Coille.

Pròiseactan – Mu thimcheall Alba ann an coilltean, am fearann-coillteach agus air Oighreachd Nàiseanta na Coille

09 Creag Bhinnein, Dùn Chailleann, Siorrachd Pheairt: Ceum ùr bidein giuthais aig Creag Bhinnein

Chaidh ar slighe ùr, Ceum Rubha Bidein Giuthais, ann an Coille Creag Bhinnein a leasachadh ann an com-pàirteachas le Urras Dùthchail Pheairt is Chinn Rois mar phàirt den Phròiseact leantainneach £1.8m, Dualchas Dùthchail na Craoibhe Mòire agus Ruigsinneachd. Bidh Ramalairan Ciorramach Foirthe is Tatha ga cleachdadh.

10 Siorrachd Pheairt: CRAOBHAN Durcain fo chunnairt eadar-nàiseanta na ar Cùram

Tha a' phròiseact iCONic, co-obrachadh eadar FCS, Gàrradh Luibh-eòlais Rìoghail Dhùn Èideann agus Urras Dùthchail Pheairt is Chinn Rois, a' togail air eachdraidh bharrachd Siorrachd Pheairt a thaobh obair glèidhteachais chraobhan thairis air na 150 bliadhna mu dheireadh. Tha sealgairean luibhean an latha an-diugh a lethbhreacadh obair an luibh-eòlaiche Albannach, Daibhidh Dùghlas, agus a' cruinneachadh sil bho air feadh an t-saoghail agus gan toirt air ais a dh'Alba airson an cur ann an lìonra de làraichean 'sàbhailte' ann an Siorrachd Pheairt. Tha an obair seo a' cur Alba air ceann na h-oidhirp eadar-nàiseanta airson gnèithean de chraobhan durcain a dhìon.

11 Coille Bin, Hunndaidh, Siorrachd Obar Dheathain: Santa agus a chuidiche a' tadhal air Coille Bin

Tha Santa aon uair eile air tadhal air Coille Bin sna làithean ron Nollaig. Am-bliadhna fhuair e cuideachadh bho Maighstir is a' Bh/Ph Màileachan/Mr and Mrs Elf agus bha neach-tadhail sònraichte ann còmhla riutha—Gruffalo. Ann an deireadh sheachdain de thachartasan teaghlaich bha grotto Santa, aithris sgeulachdan, craobh dùrachd agus teine mòr fosgailte. Bha grotto Santa aig ceann ceum goirid draoidheil tron choille.

12 Alba –san fharsaingeachd: Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Coilltean

Tha na Dùthchannan Aonaichte air 2011 a ghairm mar Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Coilltean.

Tha FCS a' stiùireadh prògram thachartasan às leth Riaghaltas na h-Alba airson craobhan, fearann-coillteach is coilltean a chomharrachadh.

Thathas air sgeama bheag thabhartasan a chruthachadh gus taic a chur ri tachartasan ùra agus airson luach a chur ris an fheadhainn a th' ann cheana.

Tha sinn cuideachd a ruith ar prògram thachartasan fhèin tron bhliadhna, le taic bho duilleag Facebook aig an robh còrr air '100' caraid aig deireadh a' Mhàirt agus le còrr air 400 neach a' tadhal gach latha.

www.forestry.gov.uk/iyfscotland2011

13 Oighreachd Dhùn Dòmhnail, Taobh Siar Rois: longantasan Fiadh-bheatha

Chaidh tachartas dà latha a chumail airson Bliadhna Eadar-nàiseanta Bith-iomadachd a chomharrachadh. Air a chumail ann an com-pàirteachas le SNH, b' e an rùn bith-iomadachd Oighreachd Dhùn Dòmhnail, far an deach feòragan ruadha a thoirt a-steach ann an 2008, a shealltainn dhan t-sluagh. Tron dà latha bhathas a' toirt buidhnean mu chuairt na h-oighreachd a dh'fhaicinn nan làraichean saoraidh agus bhathas fortanach ann a bhith faicinn 12 fheòraig ruaidh ann an aon fheasgar. Bha tachartasan eile tron dà latha a' gabhail a-steach faire air biastan-dubha, sireadh bhiastagan agus a' lorg luibhean dùthchasach.

14 Ceann a Deas na h-Alba: Duais Nàiseanta airson seirbheisean sàr-mhath dha Comann Eich Bhreatainn

Thog Iain Laidlaw bho Oifis ghlèidhteachais Ceann a Deas na h-Alba an Duais chliùiteach Bodynfoel airson seirbheisean sàr-mhath dha Comann Eich Bhreatainn (BHS).

Tha an duais a' toirt aithne dha daoine fa leth agus dha buidhnean a th' air taic a thoirt dha obair BHS. Chaidh a bhuileachadh air Iain airson na chuir e a-steach gu Fèis Eich nan Crìochan, a tha a-nis san 10mh bliadhna.

Thòisich Iain air Horse Logging/ Seòrsachadh Eich aig an Fhèis, tachartas a th' air còrr air 1,000 neach-amhairc a thàladh. Tha FCS air a bhith a' toirt taic dha BHS le bhith a' furastachadh marcachd ann an coilltean nan Crìochan agus a' cuideachadh a' cur ri chèile sgioba ùr seòrsachadh eich.

15 Meadhan na h-Alba: Get the Fuel Good Factor!

Bha tachartas ann an Haddington sa Chèitean a' sealltainn nan sochairean eaconamach is àrainneachd a tha tighinn bho bhith a' cleachdadh connadh fiodha ann an taighean mòra dùthchail, air oighreachdan, tuathanasan agus ann an togalaichean co-cheangailte riutha.

Rinn an tachartas, 'Warmth From Your Woodlands' rannsachadh air ceistean mu cosgaisean obrach agus sgaoilidhean gualain, agus mhìnich e, a thuilleadh air tionndadh gu solarachaidhean connadh ionadail a tha nas saoire is nas earbsaiche, mar a dh'fhaodas biomass gnìomhachas sam bih a chuideachadh a' cur taic ris an àrainneachd agus a' sabaid an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde.

Chaidh a chur air chois le FCS mar phàirt de Regional Biomass Advice Network (RBAN) – com-pàirteachas eadar FCS, Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na h-Alba agus Rannsachadh Choilltean.

16 Roinn a' Mhonaidh: Cur ùr dha coilltean Battlehill

Tha arm de shaor-thoilich, nam measg còrr air 1,200 pàiste-sgoile, ag ath-nuadhachadh coilltean Battlehill ann an Hunndaidh. An dèidh craobhan durcain inbheach a leagail, tha na saor-thoilich ag ath-stocadh na coille le craobhan dùthasach le duilleagan leathann. Tha pròiseact ealain poblach a' comharrachadh na h-eachdraidh agus a' mìneachadh ath-leasachadh nan coilltean. Tha cuimhne aig cuid de na saor-thoilich a tha a' gabhail pàirt sa phròiseact seo air a bhith a' cur nan craobhan durcain a chaidh a leagail o chionn ghoirid.



Meòrachaidhean 2010/11

Ath-sgrùdadh an neach-cathrach

San dara bliadhna agam mar Neach-cathrach Comataidh Nàiseanta na h-Alba, thug e tlachd dhomh a bhith a' faicinn na tha de thaic san dùthaich airson Coimisean na Coilltearachd Alba (FCS). Tha e air a bhith inntinneach a' toirt an aire mar a tha a' chùis co-cheangailte ris an reic a tha san amharc den oighreachd phoblaich choilltich ann an Sasainn air aire às ùr a tharraing gun oighreachd nàiseanta choilltich ann an Alba (NFE). Tha an othail a tha a' tighinn bhon t-sluagh, BPA, buidhnean àrainneachd agus bho mòran eile ri linn seo a' dearbhadh cho cudromach is a tha coilltearachd dha sluagh na h-Alba.

Tha margaid an fhiodha air a bhith dòchasach am-bliadhna agus 's e deagh bhrosnachadh a tha sin dha roinn na coilltearachd agus eaconamaidh na h-Alba. Tha prìomh dhùbhlann mu ar coinneamh a thaobh amas chruaidh airson fearann coillteach a chruthachadh. Ach thathas air tòiseachadh a' cur barrachd choilltean ùra.

(Aire: fhad 's a tha seo a' dol an clò, tha a' chiad choinneamh den bhuidhinn ùr chomhairleachaidh, airson cuideachadh le bhith a' comharrachadh dè am fearann as fheàrr ann an Alba airson cur chraobhan, a' dol a ghabhail àite. Anns a' bhuidhinn tha buill bho roinnean tuathanachais is coilltearachd agus tha e na dhleastanas orra moladh seachd bho Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn Riaghaltas na h-Alba a thoirt air adhart, a' dèiligeadh ri cùisean is ceistean sònraichte co-cheangailte ri coilltearachd.)

Ghabh na chuir Coilltearachd ri atharrachadh gnàth-shìde agus ri dleastanasan lùtha ath-nuadhachail ceum mòr air adhart am-bliadhna le bhith a' soidhneadh aontaidhean le com-pàirtichean gnìomhachais airson leasachadh a thoirt air comasachd lùth gaoithe is uisgeach an NFE.

Mar as àbhaist, tha e air iongnadh a chur air a' bhòrd mu cho iol-chomasach 's a tha luchd-obrach FCS air a bhith, mun raon ghnìomhan anns a bheil iad an sàs agus mu cho deiseil 's a tha iad a' coinneachadh ri iarrtasan sìor-chaochlaideach coilltearachd an latha an-diugh.

Tha an aithisg seo a' toirt beachd seachad air na chaidh a choileanadh agus tha mi a' coimhead air adhart ri bliadhna dhùbhlannach, ach dòchasach, ri thighinn.

Seumas MacLeòid

Cathraiche Comataidh Nàiseanta na h-Alba.



Ath-sgrùdadh na bliadhna Stiùiriche Alba

Tha soirbheachaidhean na bliadhna seo a' sealltainn na ghabhas a choileanadh le sùbailteachd is rùn a bhith a' libhrigeadh thairis air raon farsaing de chuspairean. Lean FCS orra a' gabhail pàirt ann a' leasachadh slàinte, sgilean agus àrainneachd anns gach seòrsa coimhearsnachd is gnìomhachas – bhon fheadhainn bu bhailteile gun fheadhainn a b' iomallaiche.

Chaidh obair mhòr a dhèanamh air ciad Ro-innleachd Cleachdadh Talmhainn na h-Alba, a tha a' suidheachadh, airson a' chiad uair, prionnsabalair airson cleachdadh seasmhach talmhainn. Le bhith a' cleachdadh dòigh ro-innleachdail a thaobh nan dùbhlann a tha mu choinneamh cleachdadh talmhainn ann an Alba gheibh sinn air co-dhùnaidhean cothromach a ruighinn mu ar goireas luachmhor is cuibhrichte talmhainn ann an cùisean co-cheangailte ri far a bheil cur chraobhan a' tighinn air cleachdaidhean talmhainn eile. Tha sinn ag obair còmhla ri com-pàirtichean gus plana-gnìomha a leasachadh, an Ro-innleachd a thoirt gu buil agus airson na molaidhean co-cheangailte ri coille a thoirt air adhart.

Tha na toraidhean traidiseanta againn daonnan cudromach dha-rìribh agus a dh'aindeoin suidheachaidhean eaconamach an ìre mhath balbh, dh'fhuirich margaidh an fhiodha air bhog – a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba agus a' cur taic ri roinn na coilltearachd. Gu dearbh tha na suidheachaidhean dòchasach a th' ann an-dràsta le coilltean a' tighinn gu inbheachd, iarrtasan àrd, nas lugha in-mhalairt agus an gluasad a dh'ionnsaigh eaconamaidh beag-ghualain uile a' cruthachadh

shuidheachaidhean far am faod gnìomhachasan coillteach na h-Alba an comasachd a bharrachadh. Dh'fhaodadh seo ciallachadh àrdachadh san àm ri teachd anns an 31,000 obair agus tabhartas luach £670m dhan eaconamaidh a tha an roinn a' cruthachadh aig an àm a tha làthair. Anns na còig bliadhna mu dheireadh, tha tasgadh ghnìomhachasan air na h-ìrean as àirde a ruighinn –còrr air £250m. Tha roinn fhàsail a' chonnaidh-fhiodha a' coimhead coltach ri bhith a' sìor leudachadh aig ìre anns an robh meudachadh de 300% thairis air an aon chòig bliadhna.

Tha atharrachadh leantainneach air a bhith dol fo Phrògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba, a' gabhail a-steach: Tabhartas ùr airson Ionaidh Smachdaichte Stiuc air Fearann-coillteach, co-iomairt eadar FCS agus SNH airson fearann-coillteach leth-dhùthchasach a riaghladh nas fheàrr tro ionaidh freagarrach; agus àrdachadh de 10% ann an taic tabhartais airson cur ùr tarbhach de chraobhan durcain is craobhan le duilleagan leathann gus cuideachadh le cruthachadh fearann-coillteach nas tarbhaiche ann an àiteachan sònraichte.

Tha sinn a-nis a' faicinn meudachadh ann an ìre cruthachaidh chraobhan na h-Alba le còrr

air 4,200ha de chur thabhartais air a choileanadh sa bhliadhna mu dheireadh. 'S e gluasad dòchasach a tha seo a dh'fheumas sinn a leantainn gus coinneachadh ri dleastanas Riaghaltas na h-Alba airson lùghdachadh ar sgaoilidhean gualain agus dèiligeadh ri buaidh atharrachadh gnàth-shìde. Tha pàirt aig uimhir de dhualan ar n-obrach ri dhèanamh a thaobh atharrachadh gnàth-shìde – an dà chuid ann an lasachadh agus ann an cuideachadh Alba gu bhith a' fàs cleachdte ris a' chùis le bhith togail coilltean seasmhach agus eag-shiostaman a tha a' tabhann sochairean a bharrachd, leithid riaghladh thuiltean nàdarra.

A' leantainn bho Bliadhna Eadar-nàiseanta na Bith-iomadachd an-uiridh, tha na Dùthchannan Aonaichte air 2011 a ghairm mar Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Coilltean. A thuilleadh air an t-sreath thachartasan a th' againn fhìn aig FCS a tha 'A' Comharrachadh Craobhan, Coillteachd is Coilltean na h-Alba' tha sinn air maoin Prògram Leasachaidh Choilltean a chur air chois a tha a' toirt taic dha tachartasan air feadh na dùthcha.

Tha Lìonra Uaine Meadhan na h-Alba (CSGN) na fhìor dheagh eisimpleir den obair eadar-dhealaichte anns a bheil sinn an sàs. Tha sinn nar com-pàirtiche stiùiridh san iomairt agus tha e na amas againn a bhith ag atharrachadh cruth meadhan na h-Alba, ga dhèanamh na àite nas tarraingiche airson fuireach ann, airson obair ann agus airson tadhal ann; cuideachadh le sùghadh gualan dà-ocsaid,

le àrdachadh bith-iomadachd agus le bhith ag adhartachadh siubhal agus dòighean-beatha nas fhalainne.

Tha sinn air a dhol tro gheamhradh eile a bha anabarrach cruaidh agus tha uail agam san luchd-obrach a sheall cho dìcheallach is cho dealasach 's a bha iad ann an àm a bha doirbh. Le obair chruaidh is dìcheall thàinig againn air tromhe-chèile a lùghdachadh, cumail solar fiodha a' gluasad agus ar prògraman cuir is ath-stocaidh a choileanadh fhad 's a bha sinn a' dìon ròidean cugallach coille. Thabhainn sinn ar goireasan cuideachd airson ùghdarrasan ionadail a chuideachadh le glanadh sneachda bho ròidean poblach.

Ann a bhith a' toirt na h-Aithisg Bhliadhnail seo gu crìoch, tha mi an dòchas gun cuidich ar taghadh dhealbhan is choileanaidhean gus sgeulachd na coilltearachd a thoirt beò. Am-bliadhna tha sinn air earrannan coisrigte a chur a-steach a' comharrachadh na thathas air coileanadh air an fhearann agus sna coilltean a tha sinn a' riaghladh às leth na h-Alba. Tha sinn ag obair le iomadh neach, buidheann is coimhearsnachd. Bu mhath leam taing a thoirt dhaibh uile airson an taic thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla riutha san àm ri teachd. Airson tuilleadh fhaighinn a-mach agus fiosrachadh fhaighinn mu na planaichean cuiribh fios thugainn no tadhalaibh air www.forestry.gov.uk/scotland.


Bob Mac an Tòisich
Stiùiriche Alba

Puingean ionmhasail

Geàrr-chunntas teachd-a-steach agus cosgais sa bhliadhna a' crìochnachadh 31 Màrt 2011


TEACHD-A-STEACH	2010/11 £000	Restated 2009/10 £000
Coimisean na Coilltearachd		
Co-mhaoineachadh EU airson tabhartasan coilltearachd	8,671	2,090
Teachd-a-steach measgichte	1,346	548
Iomairt Coilltean		
Reic fiodha	48,111	39,694
Teachd-a-steach eile bho choilltearachd	9,644	10,990
Coimhearsnachdan, cur-seachadan agus teachd-a-steach turasachd	3,530	2,057
Teachd-a-steach àrainneachdail agus dualchasach	98	268
Teachd-a-steach leasachadh oighreachd	343	394
Teachd-a-steach seirbhisean riaghlaidh	761	1,020
	72,504	57,061
Cosgais	£000	£000
Coimisean na Coilltearachd		
Tabhartasan agus maoineachadh com-pàirteachais	34,152	21,275
Poileasaidh, riaghladh agus rianachd	10,159	9,757
Iomairt Coilltean		
Dealbhadh, dìon agus cumail suas na maoin coilltearachd	33,146	31,518
Coimhearsnachdan, cur-seachadan agus turasachd	16,350	11,400
Àrainneachd agus dualchas	6,632	5,541
Leasachaidhean oighreachd	11,605	6,770
Seirbhisean riaghlaidh	1,135	1,607
Buain fiodha agus rathaidean	20,951	21,978
A' riaghladh maoin neo-choilltearachd	6,629	3,774
	140,759	113,620
Cosgais gu lèir airson na bliadhna	(68,255)	(56,559)

Income 2010/11:



- 12% Co-mhaoineachadh EU airson tabhartasan coilltearachd
- 2% Teachd-a-steach measgichte
- 66% Reic fiodha
- 13% Teachd-a-steach eile bho choilltearachd
- 5% Coimhearsnachdan, cur-seachadan agus teachd-a-steach turasachd
- 1% Teachd-a-steach seirbhisean riaghlaidh

Expenditure 2010/11:



- 23% Tabhartasan agus maoineachadh com-pàirteachais
- 7% Poileasaidh, riaghladh agus rianachd
- 24% Dealbhadh, dìon agus cumail suas na maoin coilltearachd
- 12% Coimhearsnachdan, cur-seachadan agus turasachd
- 5% Àrainneachd agus dualchas
- 8% Leasachaidhean oighreachd
- 1% Seirbhisean riaghlaidh
- 15% Buain fiodha agus rathaidean
- 5% A' riaghladh maoin neo-choilltearachd

Geàrr-chunntas air sruth-airgid sa bhliadhna a' crìochnachadh 31 Màrt 2011

	2010/11 £000	Restated 2009/10 £000
Cosgais gu lèir airson na bliadhna	(68,255)	(56,559)
Ìsleachadh agus nithean neo-airgead	4,188	2,694
Gluasad ann an calpa obrach	128	2,161
Gluasad ann an ullachadh agus fiachan	1,281	2,694
Sruth-airgid gu lèir bho obraichean	(62,658)	(58,720)
Ceannach maoin stèidhichte	(18,772)	(6,619)
Sochairean agus tabhartasan riaghltais ri linn maoin stèidhichte fhaighinn	65	968
Teachd-a-steach gu lèir bho mhaoin stèidhichte builichte	12,462	14,946
	(68,903)	(49,425)

Gear-chunntas staid an ionmhas aig 31 Màrt 2011

	2010/11 £000	Restated 2009/10 £000
Togalaichean agus innleachd	751,414	624,796
Maoin bìth-eòlachd	539,922	463,520
Maoin airgead-seilbhte	2,464	1,833
Malairt agus teachd-a-steach neo-làithreach	2,266	2,457
Maoin neo-làithreach ri reic	8,996	8,091
Maoin luath	28,518	16,964
Malairt agus pàigheadh làithreach	(23,764)	(11,150)
Ullachadh airson fiachan agus cosgaisean	(293)	(178)
Maoin luath gu lèir	4,461	5,636
Malairt agus fiachairean neo-làithreach eile	(1,398)	(2,231)
Ullachaidhean airson fiachan agus cosgaisean	(1,231)	(65)
Maoin iomlan às aonais fiachan	1,306,894	1,104,037
Airgead-calpa agus stòrasan	1,306,894	1,104,037

Nòta: Tha an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan 2010/11 iomlan airson Coimisean na Coilltearachd Alba agus Iomairt Coilltean Alba air ar làrach-lìn www.forestry.gov.uk/scotland

Leas-phàipear 1: Cur agus làimhseachadh le taic thabhartasan

Clàr 1:

An raon cur don deach tabhartasan a phàigheadh ann an Alba sa bhliadhna a' crìochnachadh 31 Màirt 2011

(heactairean)	Cur as ùr	Ath-chur iomlan	
SGEAMA THABHARTASAN FEARANN-COILLTEACH			
Craobhan-durcain	34	10	44
Duilleagan leathan	434	174	608
Sgeama thabhartasan fearann-coillteach iomlan	468	184	652
SGEAMA THABHARTASAN COILLTEARACHD NA H-ALBA			
Craobhan-durcain	11	395	406
Duilleagan leathan	84	118	202
SFGS iomlan	95	513	608
RURAL DEVELOPMENT CONTRACTS			
Craobhan-durcain	1275	668	1943
Duilleagan leathan	2427	289	2716
Cùmhnantan leasachaidh dùthchail	3702	957	4659
Làn-iomlan	4265	1654	5919


Clàr 2:

Raon don deach tabhartasan stiùiridh no stiùbhardachd a phàigheadh ann an Alba sa bhliadhna a' crìochnachadh 31 Màirt 2011

	Heactairean
Tabhartasan Stiùiridh WGS	4359
Tabhartasan stiùbhardachd SFGS	26748
Tabhartasan leasachaidh dùthchail	27162
làn-iomlan	58269

Leas-phàipear 2: Coilltean poblach fo ar stiùir

Coilltean na h-Alba	
Raon stiùiridh iomlan	654,000 heactairean
Talamh fo chraobhan	437,000 heactairean
A' leigeil	
Uimhir de fiodh air leigeil	3,084,000 meidheadairean ciùbach
A' cur	
Raon cur ùr	712 heactairean
Raon ath-chur ri linn leigeil	4,465 heactairean





Tha Coimisean na Coilltearachd Alba na bhuidheann stiùiridh coilltearachd do Riaghaltas na h-Alba agus tha e cunntachail do Mhinistearan na h-Alba.

Cuir fios

Coimisean na Coilltearachd Alba
Oifis Nàiseanta
Silvan House
231 Rathad Corstorphine
Dùn Èideann
EH12 7AT

Fòn: 0131 334 0303
Facs: 0131 314 6152
Post-d: fcscotland@forestry.gsi.gov.uk
Lìon: www.forestry.gov.uk/scotland

Ma dh'fheumas tu am foillseachadh seo ann an cruth eile, mar eisimpleir ann an clò mòr no ann an cànan eile, cuir fios gu:

An Sgioba Iomadachd
Forestry Commission
Silvan House
231 Rathad Corstorphine
Dùn Èideann
EH12 7AT

Fòn : 0131 314 6575
Post-d : diversity@forestry.gsi.gov.uk